



Dian-thachartasan co-cheangailte ris a' ghnàth-shìde

Tuiltean

Tha tuiltean nam pàirt de nàdar. Tha iad air a bhith ann o riamh agus bidh iad ann.


Faodaidh droch thuil milleadh mòr a dhèanamh, gu math luath.

Nuair a chruinnicheas uisge air talamh as àbhaist a bhith tioram, 's e tuil a th' ann. Tha e air adhbharachadh le aibhnichean agus sruthan a tha a' cur thairis, no le tonn-tuile, no le sìleadh-uisge a tha nas truime na an àbhaist.

Tha far a bheil tuil a' tachairt an crochadh air na th' ann de dh'uisge agus cho trom 's a bha an sìleadh; tha e an crochadh cuideachd air cò ris a tha uachdar na talmhainn coltach, agus an seòrsa talmhainn air a bheil e a' tuiteam.

Tha tuiltean cosgail. Far a bheil milleadh, faodaidh daoine am beatha no an teachd-a-steach a chall. Feumar airgead a chosg air càradh, air glanadh mòr, agus air dòighean san gabh bacadh a chur air tuiltean san àm ri teachd.


Tha Oifis na Sìde ag ràdh gu bheil e nas coltaiche gum bi ùineachan nas fhaide de dhian-uisge sa gheamhradh san RA air sgàth atharrachadh na gnàth-shìde, a chaidh adhbharachadh le daoine. Tha gnàth-shìde na RA a' fàs nas fliche. Tha luchd-saidheans a bhios a' sgrùdadh sìleadh-uisge agus stoirmean tàirneanaich ag ràdh, nuair a bhios an t-uisge ann, gum bi e nas truime agus ag adhbharachadh grad-thuiltean.





Dè tha ag adhbharachadh sileadh-uisge?

Bheir sinn sùil air cuairt an uisge



- 1. Bidh uisge a' deatachadh agus a' dol dhan adhar**
Bidh a' ghrian a' teasachadh uisge ann an aibhnichean, lochan agus cuantan, agus ga atharrachadh gu deatach uisge. Bidh an deatach uisge a' dol suas dhan adhar. Canaidh sinn deatachadh ri seo.
- 2. Bidh deatach uisge a' co-dhlùthachadh agus a' dol na sgòthan**
Mar a bhios an deatach uisge a' dol suas dhan adhar, bidh e a' fuarachadh agus a' dol air ais na bhoinneagan uisge lionnach, agus a' dèanamh sgòthan.
- 3. Bidh uisge a' tuiteam mar shileadh**
Tha na sgòthan san adhar air an gluasad timcheall leis a' ghaoith agus mar a bhios na bhoinneagan uisge a' fàs nas truime, bidh iad a' tuiteam air ais gu talamh mar shneachd, clach-mheallain, flinne no uisge.
- 4. Bidh an t-uisge a' tilleadh dhan mhuir**
Bidh uisge a thuiteas air an talamh a' cruinneachadh ann an lochan agus aibhnichean a bheir an t-uisge air ais dhan mhuir. An sin bidh an cearcall a' tòiseachadh às ùr.

Le sin, mar as motha a tha a' phlanaid a' blàthachadh, 's ann as motha a bhios ann de dheatachadh agus mar sin bidh an t-uisge ann nas trice agus bidh e nas truime.



Dè tha ag adhbharachadh tuileachadh?

Faodaidh daoine tuileachadh adhbharachadh no faodaidh e tachairt gu nàdarra.

Mar a tha daoine ga adhbharachadh

Bidh daoine ag adhbharachadh tuileachadh le bhith ag atharrachadh mar a tha an talamh air a chleachdadh, agus cuideachd leis na dòighean sa bheil iad a' riaghladh mar a tha an t-uisge a' sruthadh, airson gum faigh bàtaichean air seòladh gu sàbhailte, airson bacadh a chur air tuiltean, agus airson uisge fhaighinn gu dachaighean, beathaichean, bàrr agus factaraidhean.

Chaidh ceistean a thogail mu bhuidh call àiteachan uaine le bhith a' cur ùir fo leacan. Tha ùir cudromach a thaobh drèanadh nàdarra, mar a tha craobhan agus lus. Tha atharrachadh air cleachdadh-fearainn a' gabhail a-steach uachdaran cruaidhe mar rathaidean, cabhsairean agus togalaichean. Cha bhi uachdar cruaidh mar creag no concreat a' leigeil uisge troimhe. Nuair a bhios uisge trom air na h-uachdaran sin, bidh an t-uisge a' cruinneachadh gu luath leis nach eil àite aige dhan tèid e.

Uaireannan nuair a thèid làrach a ghlanadh airson obair-togail, bidh an siostam drèanaidh nàdarra air atharrachadh. Ann an cuid a dh'àiteachan, chaidh taighean a thogail air talamh còmhnard ri taobh aibhnichean agus sruthan a bhios a' cur thairis, agus bha na taighean air am milleadh an dèidh uisge trom.





Atharrachadh na gnàth-shìde

Adhbharan nàdarra

Faodaidh uisge trom thar ùine, tuinn-thuille agus leaghadh obann air sneachd uile tuil adhbharachadh. Ge-tà, tha fianais ann gu bheil tuileachadh co-cheangailte barrachd is barrachd ri atharrachadh na gnàth-shìde.

'S dòcha nach eil blàthachadh na cruinne na adhbhar dìreach airson thuiltean, ach faodaidh e an t-uisge a dhèanamh nas truime, agus na stoirmean agus an leaghadh-sneachda a dhèanamh nas miosa.

Tha barrachd choimhearsnachdan – air a' chosta agus a-staigh air an dùthaich – a-nis gam faighinn fhèin fo uisge. Barrachd is barrachd tha a' choire ga cur air uisge nas truime cuide ri àrdachadh ann an ìre na mara. Tha seo ag adhbharachadh tuinn nas motha ann an stoirmean, agus bidh iad nas buailtiche briseadh tro na bacaidhean air a' chosta.



Seòrsaichean tuileachaidh

Tuileachadh aibhne

Bidh seo a' tachairt nuair a bhios abhainn no sruth a' dol thairis air na bruaichean agus a' cur talamh as àbhaist a bhith tioram fo uisge. Nas bitheanta aig deireadh a' gheamhraidh agus toiseach an earraich, faodaidh tuileachadh aibhne tachairt air sgàth uisge trom, sneachd a' leaghadh gu luath, no cnapan deigh a' cur bacadh air sruthadh aibhne.

Tuileachadh cladaich

Bidh seo a' tachairt nuair a bhios gaath bho stoirm cladaich, mar doineann, a' putadh thuinn-thuille – a tha mar bhalla uisge – bhon mhuir a-steach air an talamh. Faodaidh tuinn-thuille milleadh mòr fad is farsaing a dhèanamh.



Grad-thuiltean

Bidh na tuiltean seo ag èirigh gu luath agus mar as trice 's e uisge trom ann an ùine ghoirid (mar as trice 6 uairean a thìde no nas lugha) a tha gan adhbharachadh. Faodaidh iad tachairt ann an àite sam bith. Tha àiteachan ìosal gun drèanadh math ann an cunnart sònraichte bhuapa.

Faodaidh grad-thuiltean damaichean a bhriseadh. Faodaidh uisge cur thairis gu h-obann ma chruinnicheas sprùilleach no cnapan deigh a chuireas stad air sruthadh an uisge.

Faodaidh grad-thuiltean milleadh ris nach eil dùil a dhèanamh nuair a tha sprùilleach air a ghiùlan gu luath san tuil. Agus 's e grad-thuiltean as coireach ris an àireimh as motha de bhàsan air sgàth thuiltean.

Faodaidh tuiltean aibhne, tuiltean cladaich agus grad-thuiltean tachairt ann am bailtean cuideachd.

Tuileachadh bailteil

Chan e mòr-thubaist a th' ann an tuileachadh bailteil. Chan e abhainn a' cur thairis a th' ann no tuinn-tuile a chaidh adhbharachadh le doineann 's a tha a' briseadh a-steach air coimhearsnachd air a' chosta. Faodaidh e a bhith cosgail am milleadh a nì tuileachadh bailteil a chàradh, ach chan fheum e co-obrachadh mòr ri diofar bhuidhnean airson faighinn seachad air.

Bidh an seòrsa seo de thuileachadh a' tachairt nuair nach eil àite aig an uisge dhan tèid e, nuair nach urrainn uachdar na talmhainn uisge trom a ghabhail a-steach no a dhrèanadh gu ceart. Nuair a thachras e, chan urrainn drèanaichean agus saidhbhearan dèiligeadh ris na tha de dh'uisge a' ruith far uachdaran cruaidhe mar rathaidean, cabhsairean agus togalaichean.

Faodaidh tuileachadh bailteil tachairt tric; faodaidh e tachairt dìreach ann an aon àite; agus faodaidh e milleadh adhbharachadh agus cùisean a chur troimh-a-chèile. Faodaidh beagan uisge tuileachadh bailteil adhbharachadh mura bheil na siostaman drèanaidh air an cumail gu math, no ann an sgìrean fo leasachadh far nach eil airgead ann airson càradh no leasachadh a dhèanamh air na siostaman drèanaidh. Le blàthachadh na cruinne, tuinn-tuile, agus na tha de dh'uisge agus de shneachd a' tuiteam, 's e dùbhlán a th' ann ro-innse a dhèanamh air tuileachadh bailteil, agus a bhith deiseil air a shon – dùbhlán a dh'fheumas fuasglaidhean diofraichte ri tuileachadh aibhne, tuileachadh cladaich agus grad-thuiltean.



Tuileachadh a' cur chùisean troimh-a-chèile

Bidh tuileachadh a' cur beatha làitheil dhaoine troimh-a-chèile.

Faodaidh uisge trom, leantainneach agus tuileachadh ceanglaichean còmhhdail a bhriseadh. Bidh seirbheisean rèile air an cur dheth no air an gearradh nuair a tha rèilichean fo uisge, agus ann an àiteachan tha na rèilichean air an sguabadh air falbh air sgàth àrdachadh ann an ìre na mara, tuinn-tuile agus tuittean.

Air sgàth thuiltean faodaidh dàil, no atharrachadh-slighe tighinn air seirbheisean no faodaidh iad a bhith air an cur dheth, agus faodaidh seo cosgais a bharrachd adhbharachadh do luchd-siubhail. Faodaidh e buaidh a thoirt air an teachd-a-steach aca mura faigh iad gu an obair. Tha e cosgail cuideachd am milleadh a chàradh. Faodaidh tuittean buaidh a thoirt air siostaman rèile dealain fo-thalamh. Feumaidh dùthchannan aig a bheil siostaman rèile dealain fo-thalamh a bhith deiseil airson tachartas mar seo agus planaichean a dhèanamh airson dèiligeadh ris.

Dian-shìde ann an Alba

Tuileachadh

Tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh air Alba mu thràth. Sna deicheadan mu dheireadh tha a' ghnàth-shìde air fàs nas blàithe, tha na pàtrain sìleadh-uisge air atharrachadh, agus tha ìre na mara air àrdachadh.

Faodaidh sìde nas fliche agus uisge trom, obann tuittean, milleadh agus troimh-a-chèile adhbharachadh. Sna bliadhnan mu dheireadh tha maoimean-slèibhe air troimh-a-chèile agus fiù 's call beatha adhbharachadh ann an Alba.





Atharrachadh na gnàth-shìde

Trèana a' dol far na rèile

San Lùnastal 2020, bha stoirmean tàirneanaich agus uisge fìor throm ann an cuid mhath de mheadhan agus taobh an ear na h-Alba. Mar thoradh air seo bha tuileachadh ionadail ann; chaidh uisge a-steach a thaighean, chaidh siubhal a chur troimh-a-chèile, agus bha sgìrean gun chumhachd an dealain.



Air 12 Lùnastal, bha an t-uisge trom air tuileachadh adhbharachadh mu thràth air an loidhne-rèile eadar Obar Dheathain agus Stonehaven. Chaidh trèana 06.38 à Obar Dheathain a Ghlaschu a ghluasad gu slighe eile gus an tuileachadh a sheachnadh. Na b' fhaide shìos an loidhne seo, bha an t-uisge trom air uchdan-rèile a lagachadh agus thuit sin air an loidhne. Bhuail an trèana san stuth seo agus dh'fhalbh e far na rèile, ag adhbharachadh bàs triùir dhaoine.

Maoimean-slèibhe aig Cnoc na h-Analach

Tha maoimean-slèibhe aig Cnoc na h-Analach air an rathad a dhùnadh iomadach uair thairis air na bliadhnachan. Ann an 2020 bha am pìos seo den A83 air a dhùnadh le mu 1,000 tunna de dh'ulbhagan 's de pholl.

Tha an rathad na cheangal riatanach do dhaoine a tha a' fuireach ann an àiteachan mar Arachar, Ceann Loch Gilb agus Maol Chinn Tìre. Bidh mòran luchd-turais air an rathad seo cuideachd.

Nuair a tha e dùinte, feumaidh luchd-siubhail slighe eile a ghabhail a tha 59 mìltean nas fhaide agus tha an trafaig a bharrachd a' toirt buaidh air na rathaidean eile. Tha buaidh cuideachd air bailtean faisg air làimh a tha an crochadh air luchd-turais a bhios a' stad agus a' ceannach.



Chaidh £83 millean a chosg mu thràth air bacaidhean gus stad a chur air ulbhagan agus poll bho bhith a' ruigheachd an rathaid an dèidh uisge trom. Sa Mhàrt 2021, thuirt Riaghaltas na h-Alba gun deigheadh rathad ùr a thogail a sheachnadh Cnoc na h-Analach.

Le atharrachadh na gnàth-sìde tha e coltach gum bi maoimean-slèibhe nan duilgheadas nas motha san àm ri teachd, leis gum bi uisge nas truime, nas trice ann an Alba.

Dealbhan : BBC, MG Winter



Atharrachadh na gnàth-shìde

Tachartasan tuileachaidh air feadh na cruinne


As t-samhradh 2021, chaidh tuiltean adhbharachadh ann am pàirtean de Lunnainn le uisge fìor throm agus stoirmean tàirneanaich. Bha rathaidean agus ìslaichean fo uisge, agus chaidh moladh do dhaoine gun siubhal leis gun robh an suidheachadh cunnartach.



San t-Sultain 2021, chaidh suidheachadh èiginn a ghairm ann am Baile New York an dèidh an uisge bu mhotha riamh, a thàinig an cois Stoirm Thropaigeach Ida. Chaidh taighean a mhilleadh, bha daoine air an glacadh ann an ìslaichean, bha an trèana fo-thalamh agus rathaidean fo uisge, agus thuit co-dhiù 8cm de dh'uisge ann am Pàirc a' Mheadhain ann an uair a thìde. Bha a' mhòr-chuid de loidhnichean-rèile fo-thalamh dùinte, chaidh stad a chur air itealain agus trèanaichean, agus cha robh ach carbadan èiginn ceadaichte air na rathaidean.



Mun aon àm, ghairm Stàit New Jersey ann an Ameireaga suidheachadh èiginn cuideachd, an dèidh do thornàdo agus uisge trom grunn dhachaighean a sgrios.



Dealbhan : CNN, Getty Images, Sky, Wikimedia



Atharrachadh na gnàth-shìde

Sgaoil Seirbheis Nàiseanta na Sìde sna SA foillseachadh èiginn tuile a bha neo-àbhaisteach. Nuair a tha èiginn air a gairm seach rabhadh, tha e a' ciallachadh gu bheil beatha ann an cunnart agus gum faod milleadh uabhasach a bhith ann.

Còig lathaichean an dèidh seo chaidh Ecatepec agus Nezahualcóyotl ann am meadhan Mheagsago a mhilleadh le tuiltean agus uisge trom. Chaidh carbadan a sguabadh air falbh nuair a chaidh na sràidean nan aibhnichean. Bha cuid a thaighean fo uisge gu ìre agus bha aithrisean ann gun do bhàsaich co-dhiù dithis



Tha tuilleadh eisimpleirean de thuiltean air feadh an t-saoghail tro shamhradh 2021. Dh'fhuiling an Spàinn, Sìona agus Coiria a Tuath tuileachadh agus call mòr air sgàth uisge trom.

Mar thoradh air blàthachadh na cruinne, tha luchd-saidheans an dùil gum bi tuilleadh thachartasan mar seo ann air sgàth uisge nas truime ro dheireadh na linne. Tha iad a' creidsinn gum feumar ceumannan a ghabhail an-dràsta gus buaidh blàthachadh na cruinne a lùghdachadh agus gus nach tèid barrachd millidh a dhèanamh air a' phlanaid.